



# ABAIR GÀIDHLIG 1

**FILEANTA**



**Stòrlann**  
Nàiseanta na Gàidhlig

# ABAIR GÀIDHLIG 1



Leugh an earrann seo gu faiceallach agus freagair na ceistean a leanas i.



Bha am buntàta beag a' roiligeadh am bonn a' pheile; a' bragadaich air a' phlastaig. Sheall Archie ris is leig e osna. Cha dèanadh seo a' chùis idir.

Lùb e sìos agus thòisich e a' sporghail san t-salchar – an làmh bheag aige goirt is fuar – gus a bhith cinnteach nach robh an còrr ri lorg.

Sa pholl, chunnaic e boiteag a' lùbairnich agus ghabh e grèim oirre eadar a chorragan. Thug e greis ga coimhead mus do tharraing e an ceann dhith. Ghlan e an corp tana air a bhriogais agus stob e a' bhoiteag na bheul. Cha robh mòran blas dhith, ach cha robh sin gu diofar.

“Archie!”

Thionndaidh Archie airson a phiuthar fhaicinn a' tighinn a-nall thuige gu caiseach.

“Nach tuirt mi riut gun a bhith ag ithe nam boiteagan. Tha iad salach.”

“Tha an t-acras mòr orm.”

“Tha 's ormsa, ach chan eil thu gam fhaicinn-sa ag ithe bhiastagan, a bheil?”

“Duilich, Maisie-May, ach chan eil buntàta air fhàgail. Dè tha sinn a' dol a dhèanamh?”

Chrath i a ceann agus shuidh i ri thaobh. Bha an talamh fuar. Ghluais Archie gus suidhe fo gàirdean agus thug i pòg dha ma lethcheann. Bha na sùilean glas aice a' gluasad bho thaobh gu taobh is fiacail bheag gheal a' bìdeadh a liop.

Chuir an t-sàmhchair an toiseach dragh air Archie ach an uair sin thuig e: *Tha Maisie-May a' smaoinichadh, thuirt e ris fhèin. Fuirich thus' ort. Bidh plana aice mionaid sam bith.*

Mu dheireadh, thàinig an fhreagairt. “Thugainn. Am preas ... tha na briogaidhean ud fhathast ann. Dh'fhàg mi a' phacaid mu dheireadh an sin.”

Ghabh Archie grèim air làimh a pheathar agus shlaod i e gu chasan. B' e madainn dhoilleir a bh' ann, am beagan samhraidh a bh' aca seachad gun teagamh, an aimsir a' fàs fuar. Bha am fraoch fhèin air a' mhòintich air a dhath a chall. Bha taigh an Seanmhar buileach dorch a' coimhead nuair a bha an solas ìosal, glas, mar seo.

air a thoirt à *An t-Ionnsachadh Bòidheach* le **Catriona Lexy Chaimbeul** (atharraichte)



# ABAIR GÀIDHLIG 1



1.
  - a. Seall mar a tha an sgeulachd seo air a h-innse dhan leughadair.
  - b. Ciamar a tha fios againn bhon earrainn gu bheil Archie agus Maisie-May ann am fìor dhroch shuidheachadh?
  - c. Ciamar a tha fios againn bhon earrainn gu bheil Maisie-May nas sine na Archie?
  - d. Carson a tha thu a' smaoinichadh a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh clò Eadailteach anns an t-seantans "Tha Maisie May ..." ?
  - e. Dè tha a' sealltainn dhuinn gur dòcha gu bheil Archie a' fulang barrachd air Maisie May?
  - f. Ciamar a tha am paragraf mu dheireadh a' cur faireachdainnean eu-dòchasach ris an sgeulachd?



Coimhead a-rithist tron earrainn a leugh thu. Sgrìobh **deich** ainmearan a nochd innte.

Tha an sgeulachd seo air a suidheachadh ann an Leòdhas, eilean air taobh siar na h-Alba. Tha e follaiseach gu bheil Archie agus Maisie-May ann an suidheachadh èiginneach.

Ann am buidhnean, bruidhnibh mu na ceistean a leanas agus togaidh an tidsear comhradh mu dhiofar phuingean còmh' ris a' chlas:

1. A bheil thu a' smaoinichadh gum faodadh suidheachadh mar seo nochdadh an-diugh ann an Alba?
2. Dè na rudan a dh'fhaodadh suidheachadh mar seo adhbharachadh?
3. Bha Archie cho acrach 's gun do dh'ith e boiteag. A bheil sibh fhèin air a bhith ann an droch shuidheachaidhean a thug oirbh rudan annasach no grod a dhèanamh?



# ABAIR GÀIDHLIG 1



## Puing-ionnsachaidh an Aonaid: Ainmearan Boireann is Fireann

Bha **am buntàta** beag a' roillegadh am bonn a' pheile; a' bragadaich air a' phlastaig. Sheall Archie ris is leig e osna. Cha dèanadh seo **a' chùis** idir.

Lùb e sìos agus thòisich e a' sporghail san t-salchar – **an làmh** bheag aige goirt is fuar – gus a bhith cinnteach nach robh an còrr ri lorg.

Sa pholl, chunnaic e boiteag a' lùbairnich agus ghabh e grèim oirre eadar a chorragan. Thug e greis ga coimhead mus do tharraing e an ceann dhith. Ghlan e **an corp** tana air a bhriogais agus stob e **a' bhoiteag** na bheul. Cha robh mòran blas dhith, ach cha robh sin gu diofar.

“Archie!”

Thionndaidh Archie airson a phiuthar fhaicinn a' tighinn a-nall thuige gu caiseach.

“Nach tuirt mi riut gun a bhith ag ithe nam boiteagan. Tha iad salach.”

“Tha **an t-acras** mòr orm.”

“Tha 's ormsa, ach chan eil thu gam fhaicinn-sa ag ithe bhiastagan, a bheil?”

“Duilich, Maisie-May, ach chan eil buntàta air fhàgail. Dè tha sinn a' dol a dhèanamh?”

Chrath i a ceann agus shuidh i ri thaobh. Bha **an talamh** fuar. Ghluais Archie gus suidhe fo gàirdean agus thug i pòg dha ma lethcheann. Bha na sùilean glas aice a' gluasad bho thaobh gu taobh is fiacail bheag gheal a' bìdeadh a liop.

Chuir **an t-sàmhchair** an toiseach dragh air Archie ach an uair sin thuig e: *Tha Maisie-May a' smaoinichadh, thuir e ris fhèin. Fuirich thus' ort. Bidh plana aice mionaid sam bith.*

Mu dheireadh, thàinig **an fhreagairt**. “Thugainn. **Am preas** ... tha na briosaidean ud fhathast ann. Dh'fhàg mi a' phacaid mu dheireadh an sin.”

Ghabh Archie grèim air làimh a pheathar agus shlaod i e gu chasan. B' e madainn dhoilleir a bh' ann, am beagan samhraidh a bh' aca seachad gun teagamh, **an aimsir** a' fàs fuar. Bha **am fraoch** fhèin air a' mhòintich air a dhath a chall. Bha taigh an Seanmhar buileach dorch a' coimhead nuair a bha **an solas** ìosal, glas, mar seo.

# ABAIR GÀIDHLIG 1



Bha cuid de na h-ainmearan a nochd san earrainn ann an clò dorcha.

Seo dhà dhiubh:

**an t-acras**

**an aimsir**



A bheil thu a' faicinn mar a tha an t-alt (am facal airson *the*) diofraichte ged a tha na h-ainmearan a' tòiseachadh leis an aon litir (a)?

Seo cuid de na h-ainmearan eile a nochd san earrainn.



**am buntàta**

**an corp**

**am fraoch**

**am preas**

**an solas**

**a' bhoiteag**

**a' chùis**

**an fhreagairt**

**a' phacaid**

**an t-sàmhchair**

A bheil thu a' faicinn mar a tha an t-alt diofraichte anns na suidhichidhean seo cuideachd ged a tha na h-ainmearan a-rithist a' tòiseachadh leis an aon litir?

**an t-acras**    *ach*    **an aimsir**



**a.** Carson a tha sibh den bheachd nach eil an t-alt cunbhalach anns an t-suideachadh seo?

**b.** An urrainn dhuibh seo a mhìneachadh dhan chlas?

# ABAIR GÀIDHLIG 1

Coimhead air PowerPoint Abair Gàidhlig 1 (duilleagan 2-4) còmhla ris an tidsear.

Fireann:	Boireann:
<b>rudan fireann</b> mac, duine, seanair	<b>rudan boireann</b> nighean, bean, seanmhair
ainmearan anns a bheil <b>an fhuaimreag mu</b> <b>dheireadh 'leathann'</b> (a/ o / u) bòrd, rathad, cù	ainmearan anns a bheil <b>an fhuaimreag mu</b> <b>dheireadh 'caol'</b> (e/i) sgoil, litir, beinn
	ainmearan a tha a' crìochnachadh le ag uinneag, faoileag, corrag

Tha na riaghailtean gu h-àrd mar as trice ag obair, ach chan eil an-còmhnaidh.



Mura bheil thu cinnteach, cha leig thu a leas ach coimhead ann am *Faclair na Sgoile* far am faic thu a bheil ainmear **fireann no boireann**.

Tha riaghailtean nas mionaidiche ann an **Gràmar na Gàidhlig**, duilleagan 24 – 26.

# ABAIR GÀIDHLIG 1

Coimhead air *PowerPoint Abair Gàidhlig 1* (duilleag 5) còmhla ris an tidsear.



	<b>Fireann:</b>	<b>Boireann:</b>
A.	an t-acras	an aimsir
B.	am buntàta	a' bhoiteag
C.	an corp	a' chùis
D.	an doras	an dùthaich
E.	an t-earrach	an eaglais
F.	am fraoch	an fhreagairt
G.	an gàrradh	a' Ghàidhlig
I.	an t-iasg	an inntinn
L.	an Lùnastal	an lèine
M.	am mac	a' mhàthair
N.	an naomh	an nighean
O.	an t-òrd	an oiteag
P.	am preas	a' phacaid
R.	an rìgh	an rionnag
S.	an solas	an t-sàmhchair
T.	an tobar	an tarrag
U.	an t-uan	an uinneag

# ABAIR GÀIDHLIG 1

Coimhead air *PowerPoint Abair Gàidhlig 1* (duilleag 6) còmhla ris an tidsear.



Ainmeanan Fireann a' tòiseachadh le:	An t-alt	Eisimpleir
A, E, I, O, U		
B, F, M, P		
C, D, G, L, N, R, S, T		

Ainmeanan Boireann a' tòiseachadh le:	An t-alt	Eisimpleir
A, E, I, O, U		
D, L, R, N, T		
B, C, G, M, P		
F		
S		



# ABAIR GÀIDHLIG 1



Coimhead air PowerPoint Abair Gàidhlig 1 (duilleag 7) còmhla ris an tidsear.



- Faigh a-mach an toiseach a bheil na faclan seo fireann (f) no boireann (b).
- Cuir an t-alt ris na faclan.

dùthaich	_____	_____
achadh	_____	_____
balach	_____	_____
nighean	_____	_____
eaglais	_____	_____
sròn	_____	_____
leabhar	_____	_____
eun	_____	_____
rathad	_____	_____
obair	_____	_____
faoileag	_____	_____
muir	_____	_____
pàipear	_____	_____
latha	_____	_____



Coimhead a-rithist air an earrainn a leugh thu agus, gu sònraichte, air na h-ainmearan agus na buadhairean seo:

**an làmh** bheag

**an corp** tana

**an t-acras** mòr

**a' phacaid** bheag



A bheil sibh a' faicinn mar a tha buaidh aig an **ainmear** air a' **bhuadhair**?

# ABAIR GÀIDHLIG 1



Coimhead air *PowerPoint Abair Gàidhlig 1* (duilleag 9) còmhla ris an tidsear agus an còrr den chlas



Dè tha a' tachairt do dh'ainmearan nuair a tha sinn gan cur às dèidh fhaclan mar air, ann an, aig, ri, le, bho, mu, do, ro ... ?

Nì an tidsear a-nis 'quiz' sa chlas feuch dè cho math 's a dh'ionnsaich sibh mu na h-ainmearan fireann is boireann!